

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 18 (which corresponds to Litir 322). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at rodgy.maclean@bbc.co.uk.

O chionn ghoirid bha mi ag innse dhuibh mu choileach. Coileach glas air a' Chomraich. Bha an coileach a' gairm air an oidhche. Bha e a' dèanamh fuaim. Bha e a' cumail daoine nan dùisg. Is bha na daoine mì-thoilichte. Chaidh òran a sgrìobhadh mu dheidhinn. 'S e *Òran a' Choilich* an t-ainm a th' air.

Nuair a tha thu a' campachadh, tha thu a' cluinntinn a h-uile càil. Chan eil an teanta a' cumail fuaimean a-mach. Tha thu a' cluinntinn caoraich a' mèilich. Tha thu a' cluinntinn coileach a' gairm. Is, gu dearbh, tha thu a' cluinntinn companach a' dèanamh srann! Tha fuaimean mar sin a' cur dragh oirnn, nach eil?

Chan eil fuaim uisge a' cur dragh oirnn, ge-tà. Tha sin a' còrdadh rinn. Ma tha sinn a' campachadh ri taobh allt no ri taobh eas, tha am fuaim a' còrdadh rinn. Ma tha sinn a' campachadh air a' chladach tha fuaim na mara a' còrdadh rinn. Tha sinn a' faighinn cadal math air an oidhche.

'S e *ceòl cadail* a tha sinn ag ràdh ri fuaim mar sin. Ceòl cadail. Fuaim a tha a' cur cadal ort. Fuaim binn. Ceòl cadail. Seo agaibh abairt à Beàrnaraigh Na Hearadh: *'S math an ceòl cadail e, uisge bragadaich air àirigh.* 'S math an ceòl cadail e, uisge bragadaich air àirigh.

Tha an abairt seo annasach. Anns a' chuid as mò de bhothain-àirigh bha mullach de sgràthan agus fraoch. Cha robh uisge a' dèanamh bragadaich air. Cha robh idir. Ach bha na bothain-àirigh aig muinntir Bheàrnaraigh eadar-dhealaichte.

Bha Beàrnaraigh ro bheag airson àirighean. Ach bha àirighean aig na daoine air eileanan eile. Eileanan a bha gun sluagh. Chaidh na daoine a-null ann an eathraichean. Bha seòl aca. No bha cainb-theàrra (no *tarpaulin*) aca anns an eathar. Bha iad a' cur sin air mullach a' bhothain. Agus bha an t-uisge a' dèanamh bragadaich air.

Thuirt muinntir Bheàrnaraigh gun robh an seòl no cainb-theàrra a' cumail an uisge a-mach. Ach gu robh iad a' leigeil ceòl a-steach. Ceòl cadail. Tha mi an dòchas nach bi e ro fhada mus cluinn sibh fhèin ceòl cadail air an oidhche. Mar sin leibh an-dràsta.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha mi ag innse dhuibh mu choileach: *I was telling you about a cockerel*; coileach glas air a' Chomraich: *a grey cockerel in*

Applecross; bha an coileach a' gairm: the cockerel was crowing; bha e a' cumail daoine nan dùisg: he was keeping people awake; chaidh òran a sgrìobhadh mu dheidhinn: a song was written about him; a' campachadh: camping; a h-uile càil: everything; caoraich a' mèilich: sheep bleating; gu dearbh, tha thu a' cluinntinn companach a' dèanamh srann: indeed, you hear a companion snoring; tha fuaimen mar sin a' cur dragh oirnn: noises like that annoy us; ri taobh allt no ri taobh eas: beside a burn or beside a waterfall; fuaim na mara: the sound of the sea; 's e ceòl cadail a tha sinn ag ràdh ri fuaim mar sin: we call a noise like that sleep-music; abairt à Beàrnaraigh Na Hearadh: a phrase from Berneray Harris (or Uist); 's math an ceòl cadail e, uisge [a'] bragadaich air àirigh: good sleep-music is water pattering on the shieling; anns a' chuid as mò de bhothain-àirigh: in most shieling bothies; bha mullach de sgràthan agus fraoch: there was a roof of sods and heather; cha robh uisge a' dèanamh bragadaich: rain wasn't making a pattering noise; eadar-dhealaichte: different; eileanan a bha gun sluagh: islands without a population; seòl: a sail; cainb-theàrra: tarpaulin; gun robh an seòl a' cumail an uisge a-mach: that the sail was keeping the water out; a' leigeil ceòl a-steach: letting music in; tha mi an dòchas nach bi e ro fhada: I hope it isn't too long; mus cluinn sibh fhèin ceòl cadail air an oidhche: before you yourself hear sleep-music at night; mar sin leibh an-dràsta: cheerio, just now.